

AR STÒRAS GÀIDHLIG

Geàrr-chunntasan raoin: Roinn Foillseachaidh na Gàidhlig



Tha roinn foillseachaidh na Gàidhlig san latha an-diugh stèidhte timcheall air Comhairle nan Leabhraichean (CnL), a' phrìomh buidheann maoinachaidh airson litreachas Gàidhlig. Taobh a-staigh an roinn sin, tha foillsichearan a tha fìor ghnìomhach, leithid Acair a tha a' dèanamh mòran, agus tha foillsichearan eile leithid Birlinn aig an robh gu eachdraidheil ceangal ri foillseachadh Gàidhlig ach nach canadh gur e foillsichear Gàidhlig a th' annta.

Chaidh CnL a stèidheachadh ann an 1968 agus 's e cathrannas a th' ann nach eil a' sireadh prothaid, cuibhrichte tro bharantas. Tha iad a' faighinn maoinachadh poblach (m.e. tha iad a' faighinn maoinachadh bunait bho Alba Cruithachail) ged a tha iad a' faighinn teachd-a-steach bho bhith a' reic stuthan.

Mar phrìomh bhuidheann maoinachaidh litreachais na Gàidhlig, tha an raon-obrach aig CnL gu math farsaing ach tha am fòcas as motha air a bhith a' brosnachadh luchd-sgrìobhadh is foillseachaidh sa Ghàidhlig. An-dràsta, tha timcheall air dà-thrian gu trì-chairteal de mhaoineachadh na buidhne air a chur a-mach tro sgeama thabhartasan, leis an amais gun toir seo an comas do dhaoine a tha mar-thà a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig tearainteachd fhaighinn gus an obair a tha iad a' dèanamh a thoirt air adhart agus a thoirt gu buil.

Tha margaidh sheasmhach aig CnL cocheangailte ri bun-structair foghlam Gàidhlig na h-Alba – ge brith càit' a bheil Foghlam Meadhan Gàidhlig – cho math ri ceanglan ri oilthighean is leabhairlann, agus àiteachan eile far a bheil a' reic leabhraichean Gàidhlig, leithid ionad ealain Àrais, An Lanntair, agus bùithtean leabhraichean mar McGillvery's ann an Uibhist is Seallam anns na Hearadh. Cuideachd, tha GbC a' faicinn gu bheil e na phàirt chudromach den obair aca a bhith a' dol a-mach dhan na coimhearsnachdan far a bheil cothroman margaidheachd rim faotainn. San t-seadh seo, tha iomairtean ionadail ann an Glaschu, leithid Leabhraichean 's Craic cuideachd air am meas cudromach, mar a tha an fhèis Aye Write, far a bheil CnL a' tabhann seirbheis eadar-theangachaidh aona-ghuthach den Ghàidhlig far a bheil tachartasan dà-chànanach.

Tha obair CnL cuideachd a' gabhail a-steach taic do sgrìobhadh coimhearsnachd a tha mar-thà ga dhèanamh. Tha aon eisimpleir den seo anns an obair le bàird baile, ag iarraidh còmhraidhean a chumail leis a' chomhairle leabhraichean airson comhairle fhaighinn agus cuideachadh gus foillsichear a lorg. Tha CnL cuideachd ag obrachadh gus cuideachadh goireasan bhuidhnean a dhìon, buidhnean leithid comainn eachdraidh, le bhith a' cur

Air fhoillseachadh le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Airson an aithisg uile agus foillseachaidhean eile, thigear gu www.hie.co.uk/gaelic

Airson tuilleadh fiosrachaidh, thigear gu www.gaelicbooks.org agus www.acairbooks.com

Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean,
Taigh Friseal, Sràid nam Manach,
Inbhir Nis, IV1 1BA, Alba

t. **+44 (0)1463 234171**
f. **+44 (0)1463 244469**
e. **info@hient.co.uk**

ann an clò stuthan sam bith a tha iomchaidh dhaibh. Tha CnL a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil obraichean ùra le buidhnean Gàidhlig eile (leithid piosan-obrach a rinn an òigridh mar phàirt de fharpaisean a' Mhòid) gan dèanamh maireannach le bhith gan foillseachadh, agus mar sin a' feuchainn ri sgrìobhadairean Gàidhlig an ama ri teachd a bhrosnachadh. Tha an t-sùil seo a dh'ionnsaigh an latha a-màireach ach aig an aon àm a' dìon an latha an-dè air cuideachadh a thoirt do CnL bho chionn ghoirid nan ro-innleachd gus foillseachadh a bhrosnachadh de leabhraichean fèin-eachdraidh is beathaeachdraidh – rud a tha deatamach leis an seòrsa sluaigh a tha an-dràsta anns na coimhearsnachdan Gàidhlig.

Le bhith ag atharrachadh gu stèidh roinnleachdail a tha a' coimhead air adhart, agus a' gluasad am prìomhachasan chun an latha an-diugh, tha CnL a' planadh airson an fhad-ùine gus dèanamh cinnteach gu bheil an aithne air a bheil i a' a' aca ann an saoghal cultair litreachais na h-Alba. Tha CnL nan urrasairean airson bàrdachd sa Ghàidhlig ann an iomairt cairt-puist latha nàiseanta na bàrdachd, agus cuideachd an taobh Gàidhlig ann an Seachdainn Leabhraichean na h-Alba far a bheil a' foillseachadh leabhar an-asgaidh. Tha iad ag amas air cothroman eile fhaighinn airson sgrìobhadh is sgrìobhadairean Gàidhlig agus tha iad an-dràsta ann an còmhraidhean le Urras Leabhraichean na h-Alba gus a bhith nan urrasairean air duais ùr airson foghlam Gàidhlig. Tha CnL fhèin air 10 'sgrìobhadairean ùra Gàidhlig' a mhaoineachadh bho chionn ghoirid – a' sealltainn a' chàileachd àrd a tha ri fhaighinn san raon seo.

Tha CnL a-nis ag amas air obrachadh le Urras Leabhraichean na h-Alba airson maoinachadh fhaighinn airson pròiseact sgrìobhadair òg Gàidhlig, a bhiodh a' tabhann bliadhna de shàr chlasaichean agus taic bho neachcomhairle. Cho math ris a seo, tha iad ann an còmhraidhean leis an Playwrights' Studio airson duais shònraichte a chur air bhonn airson neach-sgrìobhadh ùr de dhealbhu-chluich agus bu toil leotha leudachadh air 'Duain Dhòmhnail Meek' a tha fosgailte do sgrìobhadh Gàidhlig de ghnè sam bith. Tha iartasan airson an duais seo air a dhol suas a cheithir uibhir sna trì bliadhna a chaidh seachad – a' riochdachadh an gluasad dhearbhadh ann an raon litreachais na Gàidhlig. San àm ri teachd, tha CnL an dòchas seo a leudachadh gus urrasairean phrìobhaideach a thoirt a-steach gu diofar fheartan den duais – leithid cruthachadh de dhuis cloinne, no gu dearbh an dealbhadair cloinne as fheàrr.

Am measg nan raointean eile far a bheil CnL an dòchas rudan matha fhaicinn a' tachairt tha an sgeama Book Bug, a tha air a mhaoineachadh leis an Rìaghaltas, sgeama far a bheil pàrantan le leanabain òga is clann fo aois sgoile a' faighinn pasgan de leabhraichean bho Urras Leabhraichean na

h-Alba anns a bheil eadar-theangachadh de na leabhraichean a bhios a' nochdadh ann am pasgain àbhaisteach – tha seo a-nis ri fhaighinn airson coimhearsnachd na Gàidhlig. Anns an aon dòigh, bhiodh iad an dòchas buaidh a thoirt air foillseachadh an Urrais de na '50 leabhraichean Alba as fheàrr, far nach eil a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach an-dràsta.

Tha CnL a' creidsinn gu bheil co-obrachadh le buidhnean eile a' ciallachadh buannachdan dhan dà thaobh mar as trice agus tha iad a' togail eisimpleir san obair anns a bheil iad as sàs an-dràsta le buidhnean leithid Pròiseact nan Ealain gus obair dràma adhartachadh ann an sgoiltean, co-cheangailte ris a' cheannbliadhna bhon Chiad Chogadh – stuthan a ghabhas fhoillseachadh an uair sin gus misneachd a bharrachd a thogail anns na coimhearsnachdan ionadail, agus aoisean cudromach. 'Chan fheum an òigridh an coimhearsnachdan fhàgail airson a dhol an lùib saoghal foillseachaidh. Nì iad an obair, stèidhte gu h-ionadail, agus tha iad an uair sin a' faicinn buaidh na h-obrach ann an clò.' Tha CnL a' creidsinn gum bi seo na adhbhar misneachd do dhaoine òga bho aois gu math òg, agus gum faigh iad an cothrom a' Ghàidhlig fhaicinn mar so-mhaoin mar dhòigh air na cuimhneachain fìor às na coimhearsnachdan aca fhèin a thuigsinn agus a chlàradh.

Cuideachd, a thaobh a bhith a' leasachadh na sgilean iomachaidh airson an ama ri teachd is airson an fhad-ùine ann an raon foillseachaidh na Gàidhlig, tha CnL air a bhith ag obair air cruthachadh de lìonradh cunbhalach de luchd-deasachaidh taobh a-staigh nan coimhearsnachdan Gàidhlig, airson comasan iondail a neartachadh san raon shònraichte seo. Gu cudromach, bha seo cuideachd a' gabhail a-steach trèanadh airson na daoine seo airson beagan ionnsachadh mu bhith a' stiùireadh gnothachas agus mar a gheibh iad barrachd minseachd pearsanta san raon seo, gus gluasad air adhart airson an sgilean is eòlasan fhèin a mhargaidheachd san àm ri teachd.

Gu h-aithghearr, tha Comhairle nan Leabhraichean a' creidsinn gu bheil a' Ghàidhlig ann an clò na so-mhaoin shònraichte do dh'Alba gu lèir, agus gu h-àraid ann an coimhearsnachdan Gàidhlig – agus tha seo dìreach aig an ìre far a bheil e a' seasamh air a chasan fhèin, às dèidh a bhith a' sabaid cho cruaidh an aghaidh dearmaid ann an clò sa Ghàidhlig airson cuibhreann mhath de eachdraidh a' chànan.

AR STÒRAS GÀIDHLIG

Sector overview: The Gaelic Publishing Sector



Today's Gaelic publishing sector is centred around Comhairle nan Leabhraichean - the Gaelic Books Council (GBC), the main funding body for Gaelic literature. Within the sector there are active publishers such as Acair which is a major player, while other publishers such as Birlinn, have historically had some association with Gaelic publishing although would not categorise themselves as a Gaelic publisher.